

Cuspair 23

Outcomes

Digital content: speakgaelic.scot

B1

Builean Ionnsachaidh | Learning outcomes

01	I can use a range of phrases to say what I am able to do.	Done? <input type="checkbox"/>
02	I can use a range of modal phrases to talk about desires, wishes or ambitions.	Done? <input type="checkbox"/>
03	I can give an opinion using phrases like 'perhaps', or 'maybe'.	Done? <input type="checkbox"/>
04	I can use a range of phrases to say what I had to or need to do.	Done? <input type="checkbox"/>
05	I can discuss plans and resolutions for the year ahead.	Done? <input type="checkbox"/>

1. Bu mhiann leam sin | I would desire that

'S e **miannan** 'desires' cuspair an leasain seo agus bidh sinn a' bruidhinn mu dheidhinn nan rudan a tha sinn ag iarraidh, na rudan a bu toil leinn.

'S e miann na lacha an loch air nach bi i. | The grass is always greener on the other side. [Lit. The duck desires the loch that she is not on.]

Mar as miann leat. | As you wish.



Bheir sinn sùil air **iomlaid** 'inversion' a-rithist an toiseach. Chunnaic sinn **bu mhiann** ann an **Cuspair 7**. Seo e a-rithist sa chlàr: **Is miann** 'desire' agus **Bu mhiann** 'would desire'.

Am bu mhiann	leam				→ ✓ Bu mhiann
Nach bu mhiann	leat	obair ùr	fhaighinn	?	✗ Cha bu mhiann
	leis	leabhar	a sgrìobhadh		
Am miann	leatha	taigh ùr	a thogail	?	→ ✓ Is miann
Nach miann	leibh	cofaidh	òl		✗ Cha mhiann
	leotha	airgead	a chosnadh		

Chì sinn mar a bhios sinn a' cleachdadh **bu mhiann** leis na **ceistean** 'questions' a dh'ionnsaich sinn anns a' chlàr seo.

Bruidhinn 🗣️ mu dheidhinn nam miannan agad fhèin a thaobh na Gàidhlig. Cuir ceistean 1-4 air caraid agus freagair iad mu do dheidhinn fhèin:

BU MHIANN	AM BU MHIANN
Ciamar a bu mhiann?	Càit am bu mhiann?
Cò Dè bu mhiann?	...gum bu mhiann ...
Cuin a bu mhiann?	...nach bu mhiann ...
Carson a bu mhiann?	

1. Dè bu mhiann leat a dhèanamh le do chuid Gàidhlig?
2. Am bu mhiann leat obair fhaighinn ann an saoghal na Gàidhlig? Dè seòrsa obrach?
3. Am bu mhiann leat fuireach ann an àite far a bheil Gàidhlig ga bruidhinn? Càite?
4. Am bu mhiann leat SpeakGaelic B2 a dhèanamh? Cuine?

Cuimhnich gum bi sinn a' cleachdadh iomlaid le abairtean mòdail eile cuideachd:

'S toil | Bu toil [+ le]...

'S caomh | Bu chaomh [+ le]...

'S math | Bu mhath [+ le]...

'S urrainn | B' urrainn [+ do]...

'S àbhaist | B' àbhaist [+ do]...

'S fheudar | B' fheudar [+ do]...

Sgrìobh ✎ + **Bruidhinn** 🗣️ - A bheil fios agad dè tha na h-abairtean seo uile a' ciallachadh? Mura h-eil, cleachd am faclair no bruidhinn ris an oide. Sgrìobh 3-5 seantansan leis na structaran seo agus leugh iad dhan chlas.

2. Is dòcha gum bu mhiann... | Maybe would desire...

Ann an **A2 Cuspair 3**, chunnaic sinn gun urrainn dhuinn abairtean mar: **Tha mi an dòchas...** agus **Tha eagal orm...** a chur **ro fho-chlàsan** 'before subordinate clauses' a' cleachdadh ... **gun...**, no ... **nach...** leis a' chruth eisimeileach den ghnìomhair.

Is mathaid | perhaps, perchance

Is dòcha | maybe, possibly

Math dh'fhaodte | possibly, perhaps

BU MHIANN

AM BU MHIANN

...gum bu mhiann

...nach bu mhiann

MÌNEACHADH | EXPLANATION:

Is dòcha

?

We have seen earlier in the course that subordinate clauses with ... **gun** | ... **nach**, can be introduced with phrases like: **tha mi an dòchas** or **tha eagal orm**, where we are prefacing the following statement with doubt, hope, fear, etc. Other common phrases for doing this are: **is mathaid** 'perhaps', **is dòcha** 'maybe', and **math dh'fhaodte** 'possibly'.

- **Is dòcha** ✅ **gum bu mhiann** leis an càr a ghlanadh.
Maybe he would wish to clean the car.
- **Is mathaid** ✅ **gum b' urrainn** dhuinn a dhol ann còmhla.
Perhaps we could go there together.
- **Math dh'fhaodte** ❌ **nach toil** leatha ball-coise.
Possibly she doesn't like football.

Bruidhinn 🗣️ - Smaoinich air 5-10 rudan **a bu mhiann**, no **nach bu mhiann** le caraid sa chlas a dhèanamh agus innis dhaibh na beachdan agad: **Is dòcha gum bu mhiann leat càr ùr a cheannach.** | **Math dh'fhaodte nach bu mhiann leat gluasad gu taigh ùr ...**

3. Dè tha thu ag iarraidh? | What do you want?

Bruidhnidh sinn mu dheidhinn nan rudan a tha sinn ag iarraidh anns a' phàirt seo den leasan. Dè na rudan a tha thusa ag iarraidh? Thoir sùil air na rudan sa bhogsa seo a bhios mòran againn ag iarraidh.

beartach *adj* | rich

beartas *m* | wealth, riches

soirbheas *m* | success

carthannas *m* | charity

saidhbhreas *m* | opulence

iarrtas *m* | demand, request

Ma bhios sinn ag ràdh gu bheil sinn ag iarraidh ainmear, bidh againn ri òrdugh an t-seantans atharrachadh. Chunnaic sinn riaghailtean airson **iomlaid** an toiseach ann an **A2 Cuspair 12**, chunnaic sinn seo a-rithist le **bu mhiann** ann am **B1 Cuspair 7**.



abairt mhòdail

modal phrase / verb

cùisear

subject

cuspair dìreach

direct object

gnìomhair

verb

MÌNEACHADH | EXPLANATION:

Iomlaid

?

Iomlaid 'inversion' is where the order of a direct object and verbal noun are swapped around. There are a few structures which cause inversion, but the most common one is **mòdail** 'modal' verbs or phrases. This simply means verbs or phrases which express 'desire', 'ability' or 'necessity' to do something. You can review the rules and patterns for **abairtean mòdail** 'modal phrases' in **23A Duilleag Mìneachaidh** or in **A2 Cuspair 12**.

Sgrìobh ✎ - Cuir crìoch air na seantansan seo leis a' ghnìomhair agus an t-ainmear.

1. Nach eil Fearghas ag iarraidh _____? [dèan cùrsa Gàidhlig]
2. Saoilidh mi nach fhaod sinn _____. [leugh an leabhar]
3. Am bu toil leis a' chloinn _____? [ith seòclaid]
4. Nach fheàrr leis an teaghlach _____. [gabh latha dheth]
5. Feumaidh iad _____ leis an airgead. [ceannaich taigh ùr]
6. Cha bu mhiann leam _____ idir! [faigh an obair sin]

Sgrìobh ✎ + **Bruidhinn** 🗣️ - Sgrìobh còig rudan a tha thu ag iarraidh a dhèanamh am-bliadhna. Innis dha caraid sa chlas dè na rudan a tha thu ag iarraidh agus feuch gun cleachd thu diofar abairtean mòdail.

4. Rùintean na Bliadhn' Ùire | New Year Resolutions

Annas a' phàirt seo den leasan, bruidhnidh sinn mu **Rùintean na Bliadhn' Ùire** a chuir sinn romhainn am-bliadhna. Nuair a bhruidhneas sinn air a' chuspair seo, bidh sinn ag ràdh dè tha sinn **a' dol a dhèanamh** 'going to do' **a' dol a** 'going to' + lenited verbal noun. Chunnaic sinn seo an toiseach ann an **A2 Cuspair 3**.

Tha is / am	mi I	a' dol going	a to	sheachnadh avoid(<i>ing</i>)	siùcair sugar
-----------------------	----------------	------------------------	----------------	--	-------------------------

MÌNEACHADH | EXPLANATION:

a' dol a ...

?

We can use **a' dol a...** 'going to...' to talk about plans that we have for the future. Verbal nouns which follows **a** 'to' will be lenited where possible, verbal nouns starting with vowels take **dh'** and those beginning with **f** + vowel will take **dh'fh** + vowel:

- **Nach eil i a' dol a thogail taigh?**
- **Chan eil mi a' dol a dh'òl cofaidh.**
- **Tha esan a' dol a sgrìobhadh leabhar.**
- **A bheil thu a' dol a dh'fhàgail d' obair?**

This structure can also be used where a pronoun is the object of the verbal noun using **gam, gad, ga**, etc.:

- **Nach robh sibhse a' dol ga dhèanamh?** | Weren't you going to do it?
- **Tha sinn a' dol gam fosgladh a dh'aithearr.** | We are going to open them soon.
- **Tha iad a' dol gam thogail an seo.** | They are going to pick me up here.

Sgrìobh ✎ - Tha sinn a' dol a bhruidhinn air na rùintean a bhios againn fhèin airson na h-ath-bhliadhna. Thoir sùil air na rudan sa bhogsa an toiseach agus smaoinich an uair sin air 3-5 rudan a bu toil leat atharrachadh nad bheatha.

ithe nas lugha seòclaid	call cuideam
fàgail obair aig an àm cheart	dol dhan gym
coimhead air nas lugha TBh	leughadh barrachd
cosg nas lugha ùine air na meadhanan sòisealta	



Bruidhinn 🗣️ - Innis don chlas na rùintean a sgrìobh thu:

Am-bliadhna, tha mi a' dol... | An-ath-bhliadhna, 's dòcha gu bheil mi a' dol...

5. Chuir mi romham... | I decided...

Ann an **Cuspair 10**, chunnaic sinn gum faod sinn an roimhear **ro** a chleachdadh airson 'before' a ràdh. Bidh **ro** ag obair còmhla ris na riochdairean san aon dòigh a dh'ionnsaich sinn leis a h-uile roimhear eile gu ruige seo.

Sgrìobh ✎ - Cuir crìoch air a' chlàr leis a' chruth cheart. Cleachd faclair, no cuir ceist air an tidsear ma dh'fheumas tu: **Ciamar a chanas tu ro + e?**

Dè chuir thu romhad airson na bliadhna seo?

ro + mi	romham
ro + thu	_____
ro + e	_____
ro + i	_____
ro + sinn	_____
ro + sibh	_____
ro + iad	_____

Tha **cuir ro** a' ciallachadh 'resolve, decide, determine, plan to' ann an Gàidhlig.

Sgrìobh ✎ - Lìon na beàrnan ann an seantansan 1-5 leis a' chruth cheart den roimhear **ro**:

1. Dè chuir thu _____ aig a' bhliadhn' ùir an-uiridh?
2. Cuiridh Eòghann _____ gun dèan e cùrsa bogaidh an-ath-bhliadhna.
3. Chuala mi gun do chuir Mairead agus Iagan _____ taigh ùr a thogail.
4. Nach do chuir i _____ gum fuiricheadh i anns an taigh-òsta?
5. Dè chuireas sinn _____ a dhèanamh as t-samhradh?

Bruidhinn 🗣️ ri caraid, no ri buidheann beag, mu rùintean a chuir thu romhad aig a' Bhliadhn' Ùir an-uiridh, no a' bhon-uiridh:

An do chuir thu rud sam bith romhad fhèin aig a' Bhliadhn' Ùir an-uiridh?

Ma chuir, ciamar a chaidh dhut leis an rùn? An do chùm thu ris na rùintean agad?

A bheil cuimhne agad air na rùintean a bh' agad a' bhon-uiridh? Cuin a chuir thu rudeigin romhad mu dheireadh?



Cha dèan cridhe misgeach breug. | Wine is a mirror to the heart [*in vino veritas*]

➔ Theirigibh gu [23A Duilleag Mìneachaidh, 23B Duilleag Obrach, 23C Duilleag Geama]

Còmhradh:

Coimhead 📺 - Illustrated Scenario 23 - www.youtube.com/@SpeakGaelic/playlists

Sophie: 'S e Etta a thug dhomh a' mhòr-chuid de na leabhraichean seo. Abair gu bheil iad inntinneach. Tha cuid mu eachdraidh na Gàidhealtachd 's nan Eilean, agus cuid eile mu phròiseactan agus iomairtean coimhearsnachd.

Rona: Bidh mi gad ionndrainn ma dh'fhalbhas tu.

Sophie: Cha do dh'fhalbh mi fhathast.

Rona: Ach tha thu a' smaoinichadh mu dheidhinn, a bheil?

Sophie: Tha. Math dh'fhaodte gum biodh e math cùl a chur ris a' bhaile-mhòr airson greis. Tha miann làidir agam gluasad dha na h-Eileanan an Iar.

Rona: Cha robh thu a-riamh anns na h-Eileanan!

Sophie: Cha robh. A bheil mi gòrach smaoinichadh mu dheidhinn?

Rona: Chan eil idir. Chan eil càil gad chumail sa bhaile seo. Mura h-obraich cùisean mar bu mhiann leat, faodaidh tu tilleadh.

Sophie: Chan eil ceangal teaghlaich agam an àite sam bith ach tha deagh charaidean agam an seo.

Rona: Agus bidh deagh charaidean agad an seo. Ach b' urrainn dhut caraidean ùra a dhèanamh ann an àite ùr.

Sophie: Bha miann agam tighinn a dh'Alba agus rinn mi sin.

Rona: A-nise, 's dòcha gu bheil e an dèan dhut a bhith nad chroitear eileanach!

Sophie: Math dh'fhaodte nach bi mi gu mòran feum air croit ach tha mi ag iarraidh dòigh-beatha eadar-dhealaichte.

Rona: Dè mu dheidhinn obair, àite-fuirich, agus airgead?

Sophie: Dhèanainn a' chùis le glè bheag de theachd a-steach. Tha airgead agam a dh'fhàg mo mhàthair agam. B' urrainn dhomh clasaichean cànan Eòrpaich a theagasg – nam biodh duine gan iarraidh!

Rona: Bidh clann nan eilean a' dèanamh iomadh cànan anns an sgoil.

Sophie: Dheidheadh agam air obair ann am bùth, dheidheadh agam air frithealadh ann an taigh-òsta agus dheidheadh agam air glanadh a dhèanamh ann an taigh-aoidheachd.

Rona: Tha thu math air glanadh!



6. Dhèanainn a' chùis air... | I'd manage to...

Annas a' **Chòmhradh** chuala sinn Sophie a' bruidhinn mu dheidhinn nan rudan a bhiodh comasach dhi a dhèanamh nam biodh i a' gluasad chun nan Eilean. Chleachd i an structar: **rach aig _ air _** 'manage to'. 'S ann anns an **tràth chumhach** 'conditional tense' a chleachd i an structar, ach obraichidh e anns na tràthan eile cuideachd.

Dheidheadh agam air obair ann am bùth, dheidheadh agam air frithealadh ann an taigh-òsta agus dheidheadh agam air glanadh a dhèanamh ann an taigh-aigheachd.

Sgrìobh ✎ - Cuir loidhne fon **iomlaid** 'inversion' san t-seantans sa bhogsa gu h-àrd.

'S e **abairt mhòdail** 'modal phrase' eile a th' ann an **rach aig _ air _** a chionn 's gu bheil e a' bruidhinn air a' chomas a th' againn rudeigin a dhèanamh, agus mar sin, bidh e ag adhbharachadh iomlaid le cuspair dìreach.

Sgrìobh ✎ - Tha abairtean eile ann a dh'fhaodamaid a chleachdadh airson bruidhinn mu dheidhinn rudan as urrainn dhuinn a dhèanamh. Cuir a' Bheurla ris na structaran seo:

Thèid agam air... | _____

Bidh e comasach dhomh... | _____

B' urrainn dhomh... | _____

Rachadh agam air... | _____

Dhèanainn a' chùis air... | _____

Dhèanainn an gnothach air... | _____

Bruidhinn 🗣️ - Nam biodh tu fhèin a' gluasad dhan Ghàidhealtachd no dha na h-Eileanan an Iar, dè bhiodh comasach dhut fhèin a dhèanamh? Innis do charaid sa chlas mu thrì gu còig rudan a dh'fhaodadh tu a dhèanamh: **Rachadh agam air... | Bhiodh e comasach dhomh... | Dhèanainn an gnothach air...**

Bruidhinn 🗣️ - Agus dè nam biodh tu a' gluasad gu dùthaich chèin... dè bhiodh comasach dhut a dhèanamh an sin? Am biodh e na bu dorra dhut obair fhaighinn? Innis do charaid sa chlas: **Cha dèanainn a' chùis air... | Bhiodh e comasach dhomh... | Bhiodh e doirbh dhomh... | Cha b' urrainn dhomh...**



Sgrìobh ✎ + **Bruidhinn** 🗣️ - Cuir crìoch air na ceistean seo mus cuir thu air caraid iad:

1. An deidheadh agad air _____ ? [ionnsaich Greugais]
2. Nach tèid agad air _____ am-bliadhna? [faigh obair Ghàidhlig]
3. Am biodh e comasach dhut _____ ? [itealaich plèana]
4. An dèanadh tu a' chùis air _____ ? [sgrìobh leabhar]
5. Am b' urrainn dhut _____ ? [teagaisg clas Gàidhlig]

7. Dh'fheumainn sin a dhèanamh | I'd have to do that

Chunnaic sinn an **ghnìomhair neo-iomlan** 'defective verb' **feum** 'must, need to' ann an **A2 Cuspair 9**. Chan eil aig a' ghnìomhair seo ach an tràth teachdail is an tràth chumhach.

- **Feumaidh mi falbh an-dràsta.**
- **Am feum sinn am film fhaicinn?**

An seo bheir sinn sùil air a' ghnìomhair **feum** san tràth chumhach. Thoir sùil air a' ghnìomhair seo san tràth chumhach anns a' chlàr:

Feum! Must, need to!		DH'FHEUMADH	AM FEUMADH
Am feumadh?	Would have to?	Ciamar a dh'fheumadh?	Càit am feumadh?
Nach fheumadh?	Wouldn't have to?	Cò Dè dh'fheumadh?	Far am feumadh...
Dh'fheumadh	Would have to	Cuin a dh'fheumadh?	Gus am feumadh...
Chan fheumadh	Wouldn't have to	Carson a dh'fheumadh?	Mus feumadh...
Dh'fheumainn	I would have to	Nuair a dh'fheumadh...	Mura feumadh...
Dh'fheumamaid	We would have to	Ged a dh'fheumadh...	Nam feumadh...

Sgrìobh ✎ + **Bruidhinn** 🗣️ - Cuir crìoch air ceistean 1-4 leis a' ghnìomhair **feum** san tràth chumhach mus cuir thu air caraid sa chlas iad:

1. _____ tu gluasad dhan Eadailt gus Eadailtis ionnsachadh?
2. Nam _____ tu obair ùr fhaighinn dè _____ tu a dhèanamh?
3. Cuin _____ tu aodach spaideil ùr a cheannach?
4. Càit _____ tu an càr fhàgail anns a' bhaile-mhòr?

Thoir sùil air na h-abairtean eile anns a' bhogsa mhìneachaidh seo a dh'fhaodamaid a chleachdadh airson 'have to, must' a ràdh. Cuimhnich gum feum sinn iomlaid a chleachdadh leis na h-abairtean seo uile.

MÌNEACHADH | EXPLANATION:

Obligation



There are different modal expressions we can use in Gaelic to express 'must, need':

- **'S fheudar | B' fheudar dhomh...**
I have to | I had to...
- **Bha | Tha | Bidh agam ri...**
I needed to | have to | will have to...
- **Thig orm.. | Thàinig orm...**
I will have to... | I had to... (*be made to*)
- **Bha | Tha | Bidh feum agam...**
I had | have | will have need to...

Sgrìobh ✎ - Cleachd aon de na h-abairtean bhon bhogsa mhìneachaidh airson na beàrnan a lìonadh anns na seantansan seo. Math dh'fhaodte gun obraich na dhà dhiubh ann an aon àite ach is dòcha nach obraich iad uile anns a h-uile seantans.

1. _____ càin a phàigheadh nuair a dh'fhàg mi an càr san àite cheàrr.
2. _____ ceud leabhar a leughadh airson m' obrach an-uiridh.
3. Nan cailleadh tu d' obair, _____ am baile fhàgail?
4. _____ an t-oilthigh fhàgail nuair a dh'fhàilig mi a' chiad bhliadhna.
5. _____ fois a ghabhail bhom obair nuair a thàinig tinneas orm.

Bruidhinn 🗣️ - Smaoinich air rudan pearsanta airson na beàrnan ann an seantansan 1-6 a lìonadh agus innis do charaid sa chlas mun deidhinn.

1. 'S fheudar dhomh _____ an-diugh.
2. B' fheudar dhomh _____ an-dè.
3. Bidh agam ri _____ a-màireach.
4. Bha agam ri _____ an t-seachdain a chaidh.
5. Thig orm _____ an-ath-sheachdain.
6. Thàinig orm _____ an-uiridh.



8. Tha mi a' miannachadh... | I am desiring...

Èist 🎧 - www.tobarandualchais.co.uk/speakgaelic/b1-23-miannan-desires

Seo cothrom eile èisteachd ri deagh chòmhradh nàdarra sa Ghàidhlig. Chan eil e gu diofar mura h-eil sinn a' tuigsinn a h-uile rud fhathast. Èist ris a' chlàradh seo co-dhiù dà thuras leis a' chlas an toiseach. An uair sin, èist ris uair eile a' leughadh an tar-sgrìobhaidh den chlàradh air **23B Duilleag Obrach** aig an aon àm.

Sgrìobh ✎ - Lìon na beàrnan anns an tar-sgrìobhadh seo:

Iain: *Uill an dàrna miann a-nise, 's e... 's e gum biodh _____ a' dol bho neart gu neart gu h-àraid anns _____. Tha Gàidhlig a-nise air _____.
a dhèanamh agus lùiginn gum biodh i co-ionann ris a' Bheurla anns na sgoiltean _____.
Tha pìos aice ri dhol fhathast, ach an dèidh sin, tha an t-uabhas clann [chloinne] an-diugh anns a' bhun-sgoil gu h-àraid a' dèanamh Gàidhlig...*

Bruidhinn 🗣️ - Dè do bheachd air a' mhiann aig Iain? Bruidhinn ri caraid sa chlas no ann am buidheann beag mun chlàradh. Chaidh an clàradh seo a chraoladh ann an 1997 - **A bheil mòran air atharrachadh a thaobh na Gàidhlig bhon uair sin? A bheil pìos aice ri dhol fhathast? A bheil a' Ghàidhlig a-nis co-ionann ris a' Bheurla ann an sgoiltean? Am faic sinn an latha nuair a bhios Gàidhlig anns na sgoiltean air feadh Alba?**

9. Miannan is toilean | Wishes and desires

Sgrìobh ✎ + **Bruidhinn** 🗣️ - 'S e cothrom cabadaich a bhios ann a-nis. Thoir sùil air structaran agus na dealbhan seo an toiseach. Smaoinich air 2-3 ceistean a chuireas tu air caraid sa chlas agus a chumas an còmhradh a' dol fad 10 mionaidean.



1. Dè na **miannan** a th' agad airson na bliadhna seo?

- Am bu mhiann leat **càr ur a cheannach** am-bliadhna?
- Dè seòrsa **càr** a bu mhiann leat **a cheannach**?

- _____
- _____
- _____

2. Dè bu toil leat a dhèanamh nad bheatha?

- Am bu toil leat **taigh ùr a thogail**?
- Càit **an togadh tu an taigh ùr**?

- _____
- _____
- _____



3. Dè na **h-iarrtasan** a tha agad?

- A bheil thu ag iarraidh **cànan eile ionnsachadh**?
- Dè **an cànan a dh'ionnsaicheadh tu**?

- _____
- _____
- _____

4. Dè na **feumalachdan** a tha agad?

- Am feum thu **obair ùr fhaighinn**?
- Dè **dh'fheumadh tu a dhèanamh gus obair ùr fhaighinn**?

- _____
- _____
- _____



An rud as fhiach a dhèanamh, 's fhiach e a dhèanamh ceart. | Something worth doing is worth doing well.

➔ Theirigibh gu [23A Duilleag Mìneachaidh, 23B Duilleag Obrach, 23C Duilleag Geama]